

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 3 | 2017 | AM MÀRT

Facal Toisich

Tha facal Beurla ann a chluinneas sinn tric am bliadhna, tha mi a' creidsinn, gu h-àraidh far a bheil coitheanalan gun mhinistear. 'S e sin am facal sin hub. Leis an fheallsanachd seo bhiodh aon mhinistear aig meadhan gnothaich agus bhiodh esan air a chuideachadh le leughadairean agus teachdairean eile, can ministearan a tha air an dreuchd a leigeil dhiùbh, airson 's dòcha trì sgìrean a fhrithealadh.

An seo ann an Earra Ghàidheal tha a' dhà no trì de sgìrean ann a tha a' cumail crìche ri chèile a tha bàn an-dràsda no a bhios gun mhinistear anns na mìosan air thoiseach. Chanadh cuid gum biodh e feumail ann an suidheachadh den t-seòrsa sin nan gabhadh aon mhinistear a bhith stèidhichte le sgioba de luchd-cuideachaidh a' toirt taic dha.

Ann an dòigh tha sinn a' dol air ais chun an t-suidheachaidh a bha againn dà cheud bliadhna air ais. Anns na làithean sin bha na sgìrean sgapte agus farsaing. Bhiodh aig ministear-sgìre ri grunn bhailtean a fhrithealadh agus cha robh na goireasan-siubhail ach truagh aig an àm sin. Cha robh na rathaidean agus na drochaidean ann a tha cho pailt an-diugh. Bhiodh aig luchd-adhraidh ri coiseachd astar mòr gu eaglais na sgìre. Ri tìde, gu sònraichte an dèidh an Dealachaidh, chaidh taigh-adhraidh a thogail a-muigh air an dùthaich. Chaidh miseanaraidhean agus ceistearan a thaghadh a bheireadh cuideachadh don mhinistear.

Nuair a tha ministearan a' sìor fhàs nas gainne tha cruaidh-fheum air fuasgladh a lorg. Tha mòran teagmhach nach e sgìrean le hub freagairt na ceiste. An-diugh tha goireasan againn airson an Soisgeul a chraobh-sgaoileadh nach robh aig ar n-athraichean agus tha còir againn feum a dhèanamh den a h-uile innleachd ùr a thug Dia dhuinn nar latha. Tha cuid math choitheanalan a bhios a' sgaoileadh seirbheisean na Sàbaid eadar barrachd air aon eaglais. Math dh'fhaodte gur e seo an t-slighe air adhart far a bheil an sluagh sgapte.

**Gach beannachd gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Is toigh leam a bhith a' faicinn eaglais le clàr air a' bhalla a tha furasda a leughadh agus aig a bheil fiosrachadh soilleir mun mhinistear agus mu uair nan seirbheisean. Seo eaglais Kirn faisg air Dùn Omhain. Thog Tormod MacLeòid à Inbhir Nis an dealbh seo nuair a bha e air chuairt ann an Earra Ghàidheal.

Cùil nan Ceist

A rèir an fhacail cha tig fuachd agus an tig earrach. Anns a' Mhàrt bidh sùil againn ri làithean fuara. Air a' mhìos seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu àiteachan anns a' Bhioball far a bheil iomradh air fuachd. Tha sinn ag innse nan caibidealan anns a bheil am fiosrachadh sgrìobhte agus cuideachd gheibhear na freagairtean air an duilleig chùil.

1. Dè an eaglais nach robh aon chuid fuar no teth? (Leabhar an Taisbeanaidh, caibideil 3.)
2. Cò a bha tric ann am fuachd agus ann an lomnochdaidh? (2 Corintianaich, caibideil 11.)
3. Lìon a' bheàrn seo – “Am an t-sil-chur agus foghar, agus fuachd agus ----.” (Genesis, caibideil 8.)
4. Dè a dh'fhàsas fuar? (Mata, caibideil 24.)

Misneachadh – 3

'S e *misneachadh* an cuspair a tha againn anns an t-sreath ghoirid seo de sgrìobhaidhean.

Nuair a leughas sinn litrichean Phòil, chì sinn air amannan gum bi an t-abstol a' cleachdadh cainnt làidir. Ma bha e a' faicinn gu robh rudan ceàrr ann am beatha na h-eaglais bha e gan coreachadh agus gan cronachadh. Ma bha rudan mì-iomchaidh a' tachairt ann an coitheanalan cha chumadh e a bheil dùinte. Bha e a' labhairt na firinn ann an gràdh.

Ach chì sinn gu bheil Pòl anns a' bhitheantas a' crìochnachadh a litrichean le faclan misneachaidh. Bha e airson gur e sin na faclan mu deireadh a leughadh iad, chan e facal càinidh agus facal brosnachaidh. A' sgrìobhadh chun nan Crìosdaidhan ann an Corintus bha aige ri rudan a chomharradh 'nam measg nach robh idir a' dol a rèir teagasg Iosa. Ach anns an dealachadh 's e faclan misneachaidh a tha aige dhaibh. Fa-dheòidh, a bhràithrean, ars Pòl, slàn leibh: bithibh a dh'aon inntinn, bithibh sìochail; ach bidh Dia a' ghràidh ach na sìthe maille ribh.

Tha e furasda gu leòr cuideigin a chur sìos le facal càinidh. Bidh clann air am mì-mhisneachadh mura faigh iad beagan molaidh. Nach lean sinne ann an cas-cheuman Phòil ann a bhith a' toirt togail do chàch an àite a bhith gam mì-mhisneachadh.

Searmon Beag

Ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-criochnachaidh ar creideamh. (Eabhraidhich 12:2.)

Cha robh a' bhliadhna a dh'fhalbh fada a' dol seachad. Fhuair sinn an t-ainm January, ceud mhìos na bliadhna o aon de sheann dhiadhan na Ròimhe, Janus. 'S e a bha sònraichte mu Janus gu robh e dà-aodannach. Tha e an còmhnaidh air a shealltainn a' coimhead dà thaobh. Bha aodann aige a bha a' coimhead air ais, agus aodann eile a bha a' coimhead air adhart.

Nuair a thig toiseach bliadhna tha sinn uile car coltach ri Janus.

Tha e buailteach dhuinn a' toirt sùla air ais. Bidh na pàipearan-naidheachd agus na prògraman telebhisein aig deireadh bliadhna an còmhnaidh a' beachdachadh air tachartasan na bliadhna a dh'fhalbh, agus tachraidh gu leòr de rudan ionganach neo-àbhaisteach eadar toiseach an Fhaoilich agus an latha mu dheireadh den Dùbhlachd.

Bidh daoine a' cuimhneachadh air na rudan a thachair an-uiridh, rudan a thachair 'nam beatha fhèin no ann am beatha an teaghlaich. Bidh cuimhne againn air rudan a thachair nar dùthaich fhèin agus ann an dùthchannan eile. Nar latha-ne cluinnidh sinn naidheachdan o air feadh an t-saoghail goirid an dèidh dhaibh tachairt. Tha e fìor gu bheil an saoghal a' sìor fhàs nas lugha. Aig deireadh bliadhna bidh sinn a' cuimhneachadh air càirdean a chaill sinn anns a' bhliadhna agus air càirdean ùra ris an do choinnich sinn.

Tha e nàdarra cuideachd gum biodh daoine a' toirt sùla air adhart aig toiseach bliadhna. Bidh iad a' gluasad gu dachaigh ùr no a' coimhead air adhart ri dreuchd ùr anns a' bhliadhna ùir. Bidh rudan ùra a' tachairt ann am beatha na rìoghachd, gu h-àraidh anns an dàimh a bhios againn ri dùthchannan na Roinn Eòrp. Tha ceann-suidhe ùr anns na Stàitean Aonaichte, agus gach atharrachadh a thig an lùibsin.

Aig toiseach bliadhna bidh sinn cuideachd a' toirt sùla mun

Leabhraichean

Bha sinn glè thoilichte an iris ghrinn seo fhaighinn, gu h-àraidh a chionn gu bheil aithisg innte mu mhinistear Gàidhealach a chrìochnaich a shaothair ann an sgìre Bhoth Chuidhir agus a tha air a thìodhlacadh ann an cladh na h-eaglais.

Tha sinn fada an comain ùghdar na h-aithisg a chuir thugainn an leabhran, an Dotair Greum Cooper. A bharrachd air a bhith a' sgrìobhadh mun Urr. Calum MacLeòid, à Uige Leòdhais, a bha ann am Both Chuidhir gu àm a bhàis ann an 1946, tha an dotair Cooper a' toirt iomraidh air Gaidheil ainmeil eile aig a bheil ceangal ris an sgìr, mar a bha am bàrd Dùghall Bochannan agus an t-Urr. Raibeart Kirk, a chuir sailm Dhaibhidh ann am meadrachd Ghàidhlig.

Chaidh ministear ùr a shuidheachadh anns an sgìr seo aig deireadh na bliadhna, an t-Oll. Urr. Russel Moffat, a tha air a bhith

The Belfry. Aireamh a' Gheamhraidh 2016 (Air fhoillseachadh le Friends of Balquidder Church.)

anns a' mhinistrealachd o 1986. Gach soirbheachadh gu robh leis 'na shaothair.

Bidh mòran de leughairean nan Duilleag measail air an leabhar aig Calum MacLeòid, *An Iuchair Oir*, cruinneachadh de na searmoinean Gàidhlig a chraobh-sgaoil Mgr. MacLeòid. Tha na searmoinean anns a' cho-chruinneachadh sgrìobtarail soisgeulach air an lìbhrigeadh ann an cainnt shnasail. Bha e greis 'na mhinistear ann an Ceann Loch Gilb, deas oirnn an seo.

Anns An Iuchair Oir, air a dheagh dheasachadh leis an Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain, tha sinn a' leughadh mu na fiosrachaidhean a bha aig Calum MacLeòid nuair a bha e 'na mhinistear-airm air tìr-mòr na Roinn Eòrpa aig àm a' Cheud Chogaidh.

Urnaigh Chomanachaidh

cuairt. Bidh daoine a' smaoinichadh air càit an tèid iad air na làithean saora. Bidh sinn a' smaoinichadh air cor dhchannan eile a bharrachd air an dùthaich againn fhèin.

Ach tha ar ceann-teagaisg a' comhairleachadh dhuinn a bhith ag amharc air losa, gun a bhith a' coimhead air daoine eile, a' toirt aire do bheachdan dhaoine, dè a tha daoine eile a' dol a dhèanamh.

Iosa, a tha air ainmeachadh mar cheannard agus fear-crìochnachaidh ar creidimh. Iosa air a bheil ar creideamh an crochadh o thoiseach na bliadhna gu deireadh na bliadhna. 'S e Crìosd an toiseach agus a' chrìoch o thoiseach na rèis, gu deireadh na rèis, Iosa air a bheil ar creideamh an crochadh o thoiseach na bliadhna gu deireadh na bliadhna. "S e Crìosd an tùs agus a' chrìoch, a' cheud neach agus an neach deireannach. Thubhairt an salmair mu Dhia, Tha Thus' a-mhàin gun chaochladh ort, 's do bhliadhnaidh buan am feasd.

Cunntas-sluaigh air Muinntir Hirt

Gu ruige seo 's e a' cheud chunntas-sluaigh mionaideach a bha againn air muinntir Hirt, an t-ìomradh a thug an t-Urr. Iain Dòmhnallach, Dòmhnallach na Tòiseachd, seachad ann an 1822. Bha an Dòmhnallach ceithir tursan ann an eilean Hirt, eadar 1822 agus 1830.

Ach a-nis a-measg seann phàipearan ann an Caisteal Lachlainn air Loch Fin lorgadh cunntas-sluaigh a rinneadh cho fada air ais ris an Og-mhìos 1764. Air a' bhliadhna sin bha ceithir fichead agus deich neach a' gabhail còmhnaidh air Hiort. Ged a bha na h-eileanan sin air iomall a' chuain, cha robh iad air an cur air dìochuimhne leis an eaglais air tìr-mòr. Bha ministear no miseanaraidh suidhichte am measg an t-sluaigh gus an do dh'fhàg iad slàn leis an eilean ann an 1930.

Chìthear Caisteal Lachlainn taobh thall an loch o dhachaigh Fear-deasachaidh nan *Duilleag*. Tha e grunn thursan air seirbheisean a ghabhail ann an eaglais Shrath Lachlainn dha charaid, an t-Oll. Urr. Robin MacCoinnich.

Dlùthaichibh ri Dia, agus dlùthaichidh esan ribh. Blaisibh agus faicibh gur math an Tighearna; is beannaichte iadsan a chuireas an dòchas ann. A Dhè ar Cruthaidhear, tha Thusa airidh air gach urram is moladh, thug Thu dhuinn tìodhlac na beatha, agus thug Thu dhuinn an latha an-diugh, agus gach nì a tha an latha a' samhlachadh dhuinn, agus sinn a' leantainn ann an cas-cheuman losa agus nan deisciobal a-steach don t-seòmar uachdrach, deònaich gum bi e dhuinn uile 'na àm anns am faigh sinn fois agus ùrachadh, gum bi sinn air ar beannachadh ann an corp, ann an ìntinn agus ann an spiorad leis an t-seirbheis seo 'na do thaigh. Gum bi leabhar na beatha a bhios sinn a' leughadh, na laoidhean molaidh a bhios sinn a' seinn, ar n-ùrnaighean uaigneach agus follaiseach, gar tarraing nas dlùithe da chèile mar bhuill den aon teaghlach spioradail, agus nas dlùithe don Dia a tha gar cuireadh a dh'ionnsaigh an taighe seo agus na sàcramaid seo an-diugh. Labhair ri ar cridhe agus cuidich leinn a bhith a' freagairt ann an ùmhlachd a' chreidimh. A Dhè uile-fhoighidnich, chan eil crìoch a' tighinn air do chùram dhuinne; thoir mathanas dhuinn nuair a tha sinn mì-chùramach agus mì-choibhneil. Tha sinn ag aideachadh nach eil sinn daonnan a' nochdadh spiorad losa ann a bhith a' giùlan uallaichean a chèile agus a' mathadh lochdan a chèile. Labhair rinn as-ùr mun mhathanas sin a tha aig teis-meadhan sàcramaid a' Chomanachaidh. Tha sinn a' ceangal ri chèile ar smuaintean agus ar n-ùrnaighean anns na faclan a theagais losa do na ceud deisciobail a shuidh mun cuairt air a' cheud bhòrd, Ar n-Athair.....Amen

Gàidhlig Shìmplidh

Seanfhacal airson na mìos seo: "Chan e gnogadh nan ceann a ni an t-ìomradh." (It is not the nodding of heads that does the rowing.) 'S e facal glic a tha seo. Tha e furasda gu leòr a bhith ag aontachadh le cuideigin. Ach tha e cudthromach a bhith a' dèanamh rud-eigin ma dhèidhinn. Anns an eaglais agus anns a h-uile buidheann eile tha e air iarraidh oirnn a bhith gnìomhach dleasdhanach. Cha dèan sinn adhartas le bhith nar tàmh agus ar tosd..

Nuair a sgrìobh mi seo bha ceann-suidhe ùr a' gabhail dreuchd anns na Stàitean Aonaichte. A chionn gu robh màthair a' Chinn-suidhe à eilean Leòdhais bidh ùidh aig na Gàidheil ann an cùisean ann an Amaireaga. Chan eil fios againn fhathast dè a thachras anns na làithean air thoiseach. Ach tha am Bioball ag iarraidh oirnn a bhith ag ùrnaigh airson nan daoine a tha ann an ùghdarras os ar cionn. Ged nach eil sinn ag aontachadh leis na beachdan aca faodaidh sinn ùrnaigh a chur suas air an son.

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, Gu fìrinneach b'e seo Mac Dhè. 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghalile a' frithealadh dha:

28 An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaigne. 2 Agus feuch bha crith-thalmhainn

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Tha rioghachd nèimh cosmhail ri ionmhas air fhalamh ann am fearann." 'S e faclan losa a tha againn an seo. Tha iad sgrìobhte ann an soisgeul Mhata, an treas caibideil deug, aig a' cheathramh rann thar an dà fhichead. (Mata 13:44.) Nuair a tha rud-eigin falaichte feumaidh sinn strìth a dhèanamh airson a lorg. Ach nuair a tha rud-eigin luachmhor, 's fiach e an t-saohair.

Nuair a sgrìobh mi seo bha an latha a' fàs nas fhaide. Nuair a thig an t-Seann Bhladhna Ur anns an darna seachdain den Fhaoilleach tha fios againn gu bheil làithean dorcha a' gheamhraidh a' tighinn gu ceann. Fairichidh daoine nas sunndaiche nuair a thig làithean nas soilleire. Nuair a tha an aimsir dorcha bidh cuid de dhaoine a' faireachadh dubhach.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall's a-Bhos

IRISEAN

Rinn sinn toileachadh mòr ris an iris *The Belfry* air an do rinn sinn sgrùdadh air an darna duilleig. Tha iomadh coitheanal ann a bhios a' foillseachadh leabhran den t-seòrsa seo agus gu tric bidh iad a' togail chuspairean aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig agus ris an eaglais air a' Ghàidhealachd. Bidh sinn glè thoilichte irisean mar sin fhaicinn.

RANN

*San dachaigh bhuain gun uair gun tìm,
'S deich mìle bliadhna' gach là,
Cha sguir an ceòl 's chan fhàs iad sgìth
A' seinn a chaoidh mun ghràs.*

Sinn ceathramh anns an laoidh ainmeil aig Iain Newton, *Amazing Grace*, a chaidh eadar-theangeachadh gu grinn gu Gàidhlig na h-Alba leis an Urr. Iain MacLeòid a bha anns an Oban.

BIOBALL SONRAICHTE

Nuair a ghabh Dòmhnall Iain Trump na bòidean mar cheann-suidhe air na Stàitean Aonaichte, bha greim aig air leth-bhreac den Bhìoball a thug a mhàthair, Màiri NicLeòid, dha. Bhuineadh ise do sgìr a' Bhac ann an Leòdhas. Tha co-oghaichean aig Mgr. Trump a tha fhathast a' fuireach ann an Leòdhas.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball far a bheil iomradh air fuachd. 1. Laodicea. 2. Pòl. 3. Teas. 4. Gràdh mhòran.

Urnaigh

A Dhè bheannaichte,
tha sinn a' toirt taing dhut airson
nan daoine a rinn làrach air ar
beatha
lem briathran agus len eisimpleir.
Tha sinn gad mholadh cuideachd
airson nan daoine a bhrosnaich
sinn
leis na rudan a sgrìobh iad
ann an aithisgean agus ann an
leabhraichean.
Cuidich leinn a bhith a' leantainn
an dòigh - beatha
ann am facal agus ann an gnìomh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh air a bheil luchd-cuairt
glè eòlach am measg nam beann ann an Earra Ghàidheal.
Bidh mòran de luchd-leughaidh nan Duilleag
a' gabhail an rathaid seo.